

An an aimsir na ruagil
 'Nuair a thigedh luchd fuatha,
 B' e chompanach sluaigh e
 'Nuair a ghlaisteadh leis armlinn.
 Bha iatsan 'san tim sin
 Gun mhasla, gun mhi-chliu,
 Ann am fochair a shinnsridh
 Le gnìomharan dana.
 Ach on chaochail iat clechdadh
 As an aite bu chert daibh
 Chluinn sibh fein mar a thachir
 Dhaibh am batailte Mhara.

Ach 's e raghinn a ni mi,
 Bheir mi 'ghloir so gu finid,
 'S nach gliocas no crìonachd
 Dhomh 'mhiad 's 'tha mi 'g raitinn ;
 Gur a fionn-fhechd 'san tim s' sibh
 Ann an airemh, nan innsinn
 'Nuair a bha sibh gun diobradh
 'N ur miad is 'n ur n'airde.
 Etar Scalpa 's Caol Ile,
 Ged a b' f'harsinn na crìochan,
 Bha roinn de gach tìr dhiu
 Fo chis dhuibh a paighadh.
 'Nis on thuit na stuic fhion-fhuil,
 Ris an abairteadh rìghren,
 Tha na geugan 'bu dillse dhaibh,
 Air crìonadh nan abhar.

Spor, excitement, stirring up. Solta, sultmhor, fat, fertile, comely. Cordas, agreement. Fodhla, an ancient name of Ireland. Drealluinn, a name applied by the poets to the island of Mull. Toisech, a leader. Giusach, a pine forest, a flag-pole. Puic, advantage, bribe. Minor, the English word minor, a youth under twenty-one. Folachd, extraction, origin by blood. Mioscuinn, malice, grudge. Esrich or esarich, the boiling of a pool where a cascade falls; the